

An Comunn Gàidhealach



Iuchar / July 2013

An Comunn Gàidhealach, Taigh a' Mhorair Leverhulme, Ceàrnag Phearsabhail, Steòrnabhagh, Eilean Leòdhais HS1 2DD.
www.ancomunn.co.uk Fòn: 01851 703 487 Post-d: marina@ancomunn.co.uk

Teachdaireachd bhon Cheann Suidhe

Tha an tìde theth seo rudeigin neo-àbhaisteach as t-samhradh ann an Alba, ach bu mhath gum maireadh e – eadhon gu deireadh an Dàmhair! Cho luath 's a bhios an samhradh seachad, cha bhith e fada idir gum bi am Mòd Nàiseanta Rìoghail far comhair, agus is ann air sgàth sin a tha e deatamach gum bi farpaisich air clàradh, stuthan fèin-roghnaichte a-staigh agus duaisean air an tilleadh (a bheil sibh a' cuimhneachadh?) ann an deagh àm ron tachartas gus am faigh sinn air cùisean a chuir air dòigh agus crìoch fhaighinn air a' phrògram san t-Sultain. Tha a h-uile coltas ann gum bi deagh àireamh de dh'farpaisich aig AMNR ann am Pàislig agus gum bi goireasan math ann dhaibh le raon math de thachartasan air feadh a' bhaile dha luchd-frithealaidh. Tha na Mòdan Ionadail gu ruige seo air a bhith soirbheachail agus tha sin a' toirt misneachd dha luchd-cuideachaidh saor-thoileach a bhios a' cur nan tachartasan air adhart. Eadar Mòdan is Fèisean, tha ar seinneadairean is luchd-ciùil a' nochdadh an ùidh mhòr a th'aca ann an dualchas na Gàidhlig, agus tha e na thoileachas dhuinn cothrom a thoirt dhaibh na sgilean agus na comasan aca a thaisbeanadh.

Tha sinn an-còmhnaidh airson Am Mòd Nàiseanta Rìoghail a thoirt gu àiteachan ùra – tha An Eaglais Bhreac is Gallaibh nan eiseimpleirean o chionn ghoirid. Tha mi misneachail nach e dìreach turas a bhios anns a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail gu Pàislig, ach toiseach-tòiseachaidh airson tuilleadh ùidh ann an ionnsachadh agus cleachdadh na Gàidhlig chan ann a-mhàin sa bhaile fhèin ach anns na sgìrean mun cuairt far a bheil mòran de luchd-còmhnaidh. Tha An Comunn ag obair gu dlùth le buidhnean Gàidhlig eile, gu gnìomhach ag àrdachadh chothroman ionnsachaidh is cleachdaidh dha aois is òige, agus a' cur gu mòr ri coileanadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig. Feumaidh gach duine againn a' chuid fhèin a chur ri bhith a' dèanamh cinnteach gum bi a' Ghàidhlig seasmhach san àm ri teachd, agus tha e soilleir bho obair nam Mòdan gu bheil buill a' Chomuinn a' dèanamh sin.

Tha mi'n dòchas gun còrd an còrr den t-samhradh ribh, ach dèanamh cinnteach gun tig sibh còmhla rinn a' Phàislig san Dàmhair. Nas lugha na 100 latha air fhàgail a-nis!

Iain Macleòid, Ceann-suidhe.

Message from the President

It is unusual to find ourselves enjoying such hot weather during a Scottish summer, and long may it last – even till the end of October! Once the summer is past, the Royal National Mod is of course only weeks away, and that is why we need to deal with entries, own-choice materials and returning trophies (have you sent yours back?) so early in advance of the event so that we can have arrangements like the programme content concluded and ready for publication in September. Indications are that the RNM in Paisley will be well attended and provide good facilities for competitors and a good spread of entertainment to visitors. The preceding Provincial Mòds have been well supported, and that gives encouragement to the key volunteers who run these events. Between Mòd and Fèis events, our young musicians and singers are demonstrating their support for Gaelic culture, and it gives us pleasure to provide them with a platform for their skills and abilities.

We are always keen to bring the Royal National Mòd to new venues – Falkirk and Caithness are recent examples. I am confident that the Mod's visit to Paisley will not be merely a visit, but a springboard to wider interest in Gaelic learning and appreciation of our culture not only in the town of Paisley but in the populated areas of the west of Scotland. An Comunn work closely with other Gaelic organisations, actively increasing learning and usage opportunities for young and old, and making a significant contribution to the delivery of the National Gaelic Language Plan. We all need to add our own personal contribution to ensuring a secure future for Gaelic and it is clear that the membership of An Comunn are actively doing so.

Enjoy the rest of the summer, but don't forget to join us in Paisley in October. Less than 100 days to go!

John Macleod, President.



An Comunn Gàidhealach



Mòdan Ionadail Provincial Mods

<http://www.acgmod.org/localmods>

Mòd Ionadach na Dreoluinn
Mull

13 & 14 Sultain / September
Riona Whyte
rionawhyte551@gmail.com



Taobh Siar Rois
Wester Ross
20 Sultain / September
Jackie Baker
jhigginsr@aol.com



Dail Riata
Dalriada
21 Sultain / September
Christine Johnston
christinejohnston66@sky.com



Iar-Dheas Rois
S W Ross
27 Sultain / September
Barbara Smith
bi.smith@btopenworld.com



Barraigh & Bhatarsaigh
Barra & Vatersay
27 & 28 Sultain / September
Jane MacNeil
modbharragh@aol.co.uk

An Comunn Gàidhealach



Mòd Ionadail an Òban

Chaidh Mòd Ionadail an Òbain a chumail air Dihaoine an 21mh agus Disathairne an 22mh den t-Ògmhios. Chaidh Mòd na Cloinne a chumail air an Dihaoine, le measgachadh de sgoiltean bhon a' sgìre a' gabhail pàirt. Cuideachd am bliadhna, ghabh Sgoil Dalmally pàirt anns a' Mhòd Ionadail. 'Be seo a' chiad uair a ghabh iad pàirt airson faisg air 40 bliadhna.

Ghabh Mòd na h-Inbhich àite air an Disathairne ann an Àrd Sgoil an Òban. Am measg na farpaisich a bhuannaich bha Joy Dunlop. Bhuannaich Joy Dunlop farpais Seinn an t-Seann Nòs agus sheinn i cuideachd mar phàirt de Chòisir Ghàidhlig Thaigh an Uillt.

Tha Comataidh a' Mhòid toilichte le cho soirbheachail 's a bha Mòd na bliadhna seo agus tha iad airson taing a thoirt dhan a h-uile duine a chuidich le ullachaidhean a' Mhòid. Meal an naidheachd dhan a h-uile farpaiseach a ghabh pàirt agus chì sinn an ath bhliadhna sibh!



Oban Provincial Mod

Photos courtesy of the Oban Times

The Oban Provincial Mod took place on Friday 21st and Saturday 22nd June. The Junior Mod, which took place on the Friday, saw entries from Rockfield, Lismore, Kilinver and Appin Schools and Oban High School. Dalmally Primary School, who last took part in the Oban Provincial Mod in the 1970's, also took part this year.

The Senior Mod took place on the Saturday in Oban High School. Amongst the winners of the day was Royal National Mod Gold medallist, Joy Dunlop. Joy won the Traditional Solo competition and sang with the Taynuilt Gaelic Choir, before taking up her role as conductor with Còisir Cheann an Tuirc.

The organisers were delighted with the success of this year's Oban Provincial Mod and would like to thank all those who helped with the organising of the event. Congratulations to all the competitors who took part at this year's Mod – we look forward to seeing you again next year!



An Comunn Gàidhealach



Mòd Ionadail Pheairt & Aonghas

Chomharraich Mòd Ionadail Peairt agus Aonghas an 90mh bliadhna am bliadhna. Ged a tha 90 bliadhna air a dhol seachad bhon a' chiad Mòd ge ta, chan eil 90 Mòdan air gabhail àite fhathast, leis gun deach timcheall air 8 bliadhna seachad nuair nach deach Mòd a chumail, aig àm an darna cogadh agus bha e dà bhliadhna as dèidh a' chogadh mus deach a chumail a-rithist.

'Se Ealasaid MacDiarmid agus a teaghlach a bha a' cur air dòigh a' Mhòd airson iomadach bliadhna agus as dèidh dhith a dreuchd fhàgail bho chionn dà bhliadhna, chaidh tiodhlacan a thoirt dhith fhèin agus dha Donnchadh MacDiarmid mar thaing dhaibh airson an sàr obair a rinn iad airson a' Mhòd Ionadail againn thairis air na bliadhnaichean.

Aig Mòd na bliadhna seo, chaidh bràiste a thoirt dha Ealasaid, bràiste le cruth Loch Tatha, agus chaidh prìne a thoirt dha Donnchadh airson an fhèilleadh a bha air a dhèanamh ann an cruth Ben Lawers a tha a' laighe timcheall taobh Siar Loch Tatha.

'S e Màiri Stiùbhart Neach-gairm Mòd na bliadhna seo. 'S ann às na Hearadh a tha Màiri, a tha fileanta sa' Ghàidhlig. Dh' obraich Màiri agus an Comataidh gu cruaidh gus Mòd cho soirbheachail a chumail.

Chaidh Mòd na bliadhna seo a chumail ann an Àrd Sgoil Breadalbane ann an Obar Pheallaidh. Leis gun deach atharrachadh bho Talla a' Bhaile agus toglaichean eile, bha e tòrr nas fhasa cùisean a chur air dòigh gu siubhaileach.

Bha na h-àireamhan de dh' fharpaisich a ghabh pàirt math ga rìreabh ach mar a h-uile bliadhna, bidh sinn an dòchas gum bidh àireamhan nas àirde againn, gu h-àraid le sgoilearan bho sgoiltean air feadh na sgìre. Thathas airson clann òg a bhrosnachadh gus pàirt a ghabhail sa' Mhòd oir tha feum mhòr orra airson a' chànan agus na Mòdan a chumail beò.

Leis gu bheil comataidh cho dìcheallach againn tha sinn a' coileanadh ar h-amasan gach bliadhna. Ach tha fios againn gu feum sinn obair gu math cruaidh gach bliadhna gus am faigh sinn leasachaidhean a dheanamh gach bliadhna. Le taic bho Iain MacLeòid, Ceann-suidhe a' Chomuinn agus Iain Moireasdan, Àrd Oifigear a' Chomuinn, gheibh sinn air adhart gu math.



Màiri Stiùbhart
Neach-gairm a' Mhòid

Perthshire and Angus Provincial Mod 2013

The Perthshire and Angus Provincial Mod celebrated its 90th anniversary this year. The Mod has been going for 90 years but has not yet achieved 90 mods, as the mod was discontinued for about 8 years after the outbreak of World War 2, and did not resume until about two years after the war had ended.

Over many of these years our Mod was run by Elizabeth MacDiarmid and her family, and following her retirement 2 years ago, it was decided to present her and Duncan MacDiarmid, with tokens of appreciation for many years of devoted service to the running of the Mod.

At this year's Mod, Elizabeth was presented with a brooch in the form of the outline of Loch Tay, and Duncan with a kilt pin in the shape of Ben Lawers range of hills that bound the west side of Loch Tay.

The Mod Convener for this year was Mary Stewart, a native Gaelic speaker, originally, from the Isle of Harris, and her committee, who worked tirelessly to achieve the results, which proved to be successful.

This year's Mod was housed entirely in the premises of Breadalbane Academy in Aberfeldy. The change of venue from the Town Hall and various other premises meant that it was all contained within the one building, making the overall running more manageable.

The entries for this year's Mod were very good but it is always hoped for greater numbers each year, particularly with regard to the younger ones from schools throughout the entire area. Great emphasis is put on the younger entrants, as it is only with their input will the Gaelic language and for that matter the Mods continue to exist.

With an excellent and hard working committee we are achieving our aims each year, but we are not complacent in our attitude as we strive to improve. With the support, of An Comunn President, John Macleod and Chief Executive, John Morrison, we hope to go from strength to strength.

Mary Stewart
Mod Convener



An Comunn Gàidhealach



SGOIL BHÀRDACHD NA COMRAICH
APPLECROSS BARDIC SCHOOL

5mh Lùnasdal gu 9mh Lùnasdal 2013

Bidh an treas Sgoil Bhàrdachd na Comraich air a cumail air Comraich Ma-ruibhe ann an Ros an Iar am-bliadhna, a' tòiseachadh air 5 Lùnastal. Mar a bha sna Sgoiltean roimhe, bithear ga cumail ann an ionad nan cur-seachadan ann an Coille Mhùiridh, faisg air a' Chlachan far an robh manachainn Ma-ruibhe uaireigin. 'S i [an t-Oll. Anna Latharna NicIlliosa](#), bàrd, sgrìobhadair, sgoilear is seinneadair, am prìomh òraidiche am-bliadhna, a' chiad turas a bha i aig an Sgoil. Bidh na bàird ainmeil [Maoilios Caimbeul](#) is [Rody Gorman](#) a' tilleadh am-bliadhna, agus bidh [Ruairidh MacIlleathain](#) (Ruairidh Mac Fhionnla' an Òchain) anns a' chathair. Agus tha sinn a' feitheamh dearbhadh air duine no dithis eile fhathast.

Leis gur e 2013 Bliadhna an Nàdair an Alba, 's e ar dualchas nàdarrach prìomh chuspair na seachdaine. Mar as àbhaist bidh sinn a' measgachadh òraidean is taisbeanaidhean le cur-seachadan socrach is spòrsail airson seachdain mhath dha-rìridh a dhèanamh ann an àrainneachd air leth.

Tha àitean fhathast air fhàgail ma tha sibh airson pàirt a ghabhail anns an Sgoil Bhàrdachd.

Faodar tuilleadh fiosrachaidh fhaighinn, no ur n-ainm a chlàradh (bidh àite-fuirich agus biadh air an toirt a-steach) le bhith a' fònadh gu 01520 744482. A bharrachd air a bhith a' clàradh airson na seachdaine air fad, bidh e comasach a dhol gu òraidean, cuairtean-coiseachd is tachartasan eile dìreach airson aon latha. Bidh eadar-theangachadh mar-aon ann (gu Beurla) far a bheil sin a dhìth.

5th August to 9th August 2013

The fifth day of August this year marks the start of the third Sgoil Bhàrdachd na Comraich, the annual Bardic School held in Applecross, Wester Ross.

As previously, this week-long residential course will be held at the scenic and relaxing setting of Hartfield House in Coille-mhùiridh at the centre of 'the sanctuary'. This year will see the return of [Maoilios Caimbeul](#) and [Rody Gorman](#) and [Ruairidh MacIlleathain](#) will be back with us again to chair events throughout the week. We are also very happy to announce that we will be welcoming [Dr Anne Lorne Gillies](#), bard, writer, scholar and singer, for the first time, our main speaker for the week. In addition we have one or two other speakers yet to be confirmed.

As 2013 is the year of Natural Scotland we will be adopting our natural heritage as a general theme for this year. As usual, we will be combining periods of study with some more leisurely fringe activities to make for a creative experience in an inspiring environment.

There are still places available if you would like to take part in this year's Bardic School. Bookings and enquiries can be made for the course which includes hostel accommodation and meals by telephone on 01520 744482. It will again also be possible to attend lectures, walks and talks on a daily basis. [Beathaig Mhoireasdan](#) will be here to provide simultaneous English translation whenever necessary.

An Comunn Gàidhealach



Còrr is £2m de mhaoinachadh airson na Gàidhlig

Dh'ainmich Prìomh Mhinistear na h-Alba, Ailig Salmond, còrr is £2m de mhaoinachadh do phròiseactan Gàidhlig a tha stèidhichte aig Sabhal Mòr Ostaig agus e a' tadhal air a' cholaiste air Dihaoine 26 Iuchar. Thuirt am Prìomh Mhinistear gum faigheadh Faclair na Gàidhlig - am pròiseact gus faclair ùghdarrasail, iomlan a chruthachadh a bheir goireas briathrachais gu tur ùr don chànan - £2m tro Chomhairle Maoineachaidh na h-Alba gus am pròiseact a thoirt air adhart. Cuideachd, dh'ainmich Mgr Salmond maoineachadh a bharrachd bho Riaghaltas na h-Alba: £100,000 airson Tasglann Fuaime Nàiseanta do dh'Alba agus £25,000 airson FilmG, an fharpais film Ghàidhlig nàiseanta a bhios a' brosnachadh is a' leudachadh sgilean am measg dhaoine airson an t-sianail Ghàidhlig, BBC ALBA, agus a tha ag amas air susbaint ùr a chruthachadh ann an Gàidhlig air an eadar-lìon.

Tha Leabharlann Nàiseanta na h-Alba ag obair còmhla ri Tobar an Dualchais, pròiseact a tha stèidhichte aig SMO, air pròiseact dearbhaidh gus tasglann fuaime a stèidheachadh.

Tron fharpais film bhliadhna aca, FilmG, tha MG ALBA ag iarraidh daoine òga a bhrosnachadh gu bhith cruthachadh fhilmichean Gàidhlig. Tha am pròiseact air a libhrigeadh le Cànan, am companaidh ioma-mheadhanach fo shealbh Shabhal Mòr Ostaig. Bheir am maoineachadh as ùire bhon Riaghaltas taic do phrògram trèanaidh na farpaise, mar phàirt dhe sin bithear a' tadhal air sgoiltean is coimhearsnachdan gus seiseanan trèanaidh a chumail a dh'ionnsaicheas do dhaoine mar a leasaicheas iad stòiridh, mar a nì iad filmeadh is gearradh agus gheibh daoine sàr chlasaichean bho chleasaichean is luchd-fìolm ainmeil.

Nì Faclair na Gàidhlig cunntas iomlan air a' Ghàidhlig agus eachdraidh briathrachais a' chànan agus e a' sealltainn mar a dh'atharraich gach facal bho a' chiad chruth anns an do nochd iad gu mar a tha iad gan sealltainn agus gan cleachdadh an-diugh. Cuideachd, bheir e cànan agus dualchas na Gàidhlig gu aire iomadach neach. Chìthear adhartas nas luaithe sa phròiseact leis an £2 mhillean bho Chomhairle Maoineachaidh na h-Alba. Thèid tuilleadh luchd-obrach fhadhadh gus am faclair a chur ri chèile leis an airgead agus thèid am bathar-bog, a tha dhìth gus taic a chumail rin obair, a cheannach.

Tha cur-ri-chèile an fhaclair fo stiùir SMO, an t-Ionad Nàiseanta airson Cànan is Cultar na Gàidhlig, ann an co-bhuinn ri Oilthighean Obar Dheathain, Dhùn Èideann, Ghlaschu agus Srath Chluaidh.

A bharrachd air an £2 mhillean bho CMA airson a' phròiseict, tha Comhairle Rannsachaidh Foghlam Daonna agus nan Ealain (CRFDE) a' toirt £100,000 don phròiseact agus tha £50,000 a' tighinn bho Chomhairle Rannsachaidh chùisean Sòisealta agus Eaconamach (CRSE). Tha Bòrd na Gàidhlig air taic a chur ris a' phròiseact bho 2004 agus aig an àm seo tha iad a' toirt tabhartas seachad luach £75,000 gach bliadhna.

Major Gaelic funding boost announced at SMO

The First Minister, Alex Salmond, announced more than £2m of funding for Gaelic projects based at Sabhal Mòr Ostaig whilst on a visit to the Gaelic college on Skye on Friday 26 July. The First Minister revealed that the development of the ground-breaking, authoritative and comprehensive Scottish Gaelic dictionary - Faclair na Gàidhlig - will receive a £2m funding boost through the Scottish Funding Council to help progress the project. Mr Salmond also announced further funding from the Scottish Government, of £100,000 and £25,000 respectively, to support a National Sound Archive for Scotland and for the FilmG 2014, Scotland's national Gaelic film competition, which aims to develop new talent for Gaelic channel BBC ALBA and produce significant new Gaelic content online.

The National Library of Scotland is working with Tobar an Dualchais, based at Sabhal Mòr Ostaig, on the pilot of a sound archive project.

MG Alba aims to encourage more young people to engage in Gaelic filmmaking through its annual FilmG competition, which is delivered by Cànan, the multimedia company owned by Sabhal Mòr Ostaig. The latest Government funding will support the competition's training programme which will include schools and community-based sessions on story development, filming and editing and master-classes with prominent actors and filmmakers.

The Dictionary of the Scottish Gaelic Language - Faclair na Gàidhlig - will fully document the Gaelic language and its history by tracing the development of each word from its earliest written form to the present day, and will help to raise the profile of the Gaelic language and heritage. SFC's £2 million will help to accelerate the process with the recruitment of more staff to compile the dictionary as well as buy the software necessary to support their work.

The compilation of the dictionary is managed by SMO, the National Centre for Gaelic Language and Culture, in partnership with the Universities of Aberdeen, Edinburgh, Glasgow and Strathclyde.

In addition to SFC's £2 million for the project, the Arts and Humanities Research Council (AHRC) is providing £100,000 and £50,000 is coming from the Economic and Social Research Council (ESRC). Bòrd na Gàidhlig has supported the project since 2004 and currently contributes £75,000 per year.

An Comunn Gàidhealach



Tillibh ur duaisean AN DRÀSTA!

31 Iuchar – Ceann-là ÙR airson duaisean a thilleadh

Return your Trophies NOW!

31 July – **NEW** Trophy Return Deadline

Eistibh ri Rèidio Coimhearsnachd Dhùn Omhain

Tha luchd-èisteachd Rèidio Coimhearsnachd Dhùn Omhain gu math dèidheil air a bhi ag èisteachd ri ceòl traidiseanta, le sin tha prògram Gàidhlig a bhios a' dol a-mach air an stèisean gach seachdain gu math soirbheachail. 'S e Màiri Pollock, Jennifer Cousins agus Frances Rosemary Lynn (cuideachd air aithneachadh mar FRLLY air an Rèidio) a bhios a' cuir a-mach am prògram agus tha an luchd-èisteachd gu math dèidheil orra,

Thòisich iad a' craoladh prògram ron a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail an Dùn Omhain, air a thug iad an ainm 'The Mod Saga Continues', far am bidh iad a' cluich ceòl Gàidhlig & traidiseanta agus a' toirt fiosrachadh seachad mu na Mòdan Ionadail agus na Fèisean ann an Alba.

Dèanaibh cinnteach gun èist sibh gach oidhche Dhiardaoin eadar 6f agus 7.30f agus ma tha sibh airson fiosrachadh a chur thugainn cuiribh post-d gu sky4lark@gmail.com.

<http://www.dunooncommunityradio.org/>

Tune in to Dunoon Community Radio

Traditional Scottish Music has always been very popular with listeners of Dunoon Community Radio hence the success of the weekly Thursday programmes which features Gaelic traditional song, music and the spoken word with popular presenters Mary Pollock, Jennifer Cousins and Frances Rosemary Lynn (also known as FRLLY on the Radio)

The trio are continuing with their Mod Information Programme aptly named 'The Mod Saga Continues' on Dunoon Community Radio, where they give listeners information on the Provincial Mods and Fèisean held throughout Scotland.

Be sure to tune in every Thursday evening between 6pm and 7.30pm and anyone wishing to share any news or make any requests should email to sky4lark@gmail.com.

<http://www.dunooncommunityradio.org/>

Banais Mharina

Tha là mòr dha-rìribh ma choinneimh aon de luchd-obrachd a' Chomuinn agus Marina NicLeòid, a tha stèidhichte san oifis ann an Steòrnabhagh, dol a phòsadh.

Tha Marina air a bhith còmhla ris a' Chomunn bho dh'fhàg i an oilthigh agus i air a bhith na neach-obrach dileas is coibhneil. Tha Marina dol a phòsadh Dòmhnall MacAoidh agus an dithis aca a' togail dachaigh thall ann am Calanais, am baile ann an Leòdhas gam buin Dòmhnall.

Bidh am pòsadh ann Dihaoine sa tighinn (9mh Lunastal) ann an Eaglais Mhàrtainn ann an Steòrnabhagh le danns agus biadh ann an Talla Bhaile Bhreiscleit. Tha fhios gur e latha mhòr, dhòigheil a bhios ann.

Tha an Comunn a' guidhe gach beannachd dha Marina agus Dòmhnall agus sinn cinnteach gum bidh beatha sona, soirbheachail aca còmhla.
Chan eil fhios nach bi i na croitear fhathast.

Marina's Nuptials

A big day awaits one of An Comunn's staff with the impending marriage of Marina MacLeod, who works in our Stornoway office.

Marina has been with An Comunn since leaving university and has been a highly-valued and popular member of staff. Marina is to tie the knot with the lucky Donald MacKay and the couple will set up home in Callanish, the village where Donald grew up.

The wedding will be in Martin's Memorial Church in Stornoway on Friday 9th August with the reception at Breasclete Community Hall. It is sure to be a memorable day.

*An Comunn wish Marina and Donald all the best for their future years together.
You never know she may yet make a good crofter.*

An Comunn Gàidhealach



Am biodh sibh deònach taic dìreach beagan a bharrachd air £1 sa' mhìos a thoirt dha Mòd nan Eilean Siar le bhì a' gabhail pàirt ann an Club 400? Bidh £400 ri bhunnachadh gach mìos. Seo mar a bhios e ag obair:

- ❖ Tha gach neach a' pàigheadh £5 gach mìos tron bhanca, a bheir cothrom dhuibh duais a bhunnachadh gach mìos. Faodar barrachd air aon a cheannachd sa' mhìos cuideachd - tha gach fear a' cosg £5 sa' mhìos.
- ❖ Thèid na h-àireamhan a thaghadh aon uair sa' mhìos agus ma tha sibh air pàigheadh, thèid ur h-ainm a-steach airson a' mhìos sin.
- ❖ Bidh na duaisean airson gach mìos mar a leanas: 1mh àite - £250, 2mh àite - £150 agus 3mh àite - £50 (£400 gu lèir).
- ❖ Thèid liosta den fheadhainn a bhunnaich fhoillseachadh gach mìos aig <http://www.acgmod.org/news> agus ma tha sibh air buannachadh, thèid an airgead dhan bhanca agaibh.

Ma tha sibh airson pàirt a ghabhail ann an Club 400 Mòd nan Eilean Siar, cuiribh fios gu:
An Ionmhasair, Mòd nan Eilean Siar,
Taigh a' Mhorair Leverhulme,
Ceàrnag Phearsabhail, Steòrnabhagh,
Eilean Leòdhais, HS1 2DD.
Fòn: 01851 703 487.
Post-d: dmacdonald@iname.com



Would you consider supporting the Western Isles Mod in the sum of a little over a pound a week by subscribing to a 400 Club, the 400 referring to the prize money awarded each month? This is how it works:

- ❖ Each participant pays £5 per entry per month by standing order to join, which entitles entry to each month's draw. One can have one or more entries - each entry costs £5 per month.
- ❖ A draw will be held at the end of each month and all eligible participants (i.e. all those who have paid) will be entered into the draw.
- ❖ Prizes each month will comprise of a first prize of £250, a second prize of £100 and a third prize of £50 (a total of £400).
- ❖ A list of monthly prize winners will be published at <http://www.acgmod.org/news> and the prizes will be credited to your bank account.

If you would like to take part in the Mòd nan Eilean Siar 400 Club, please contact:
The Treasurer, Mòd nan Eilean Siar,
c/o Leverhulme House,
Perceval Square, Stornoway,
Isle of Lewis, HS1 2DD.
Telephone: 01851 703 487.
Email: dmacdonald@iname.com

Dreach Prògram a' Mhòid air loidhne

Tha dreach de phrògram Mòd Nàiseanta Rìoghail na bliadhna seo a-nise ri fhaighinn air an làrach-lìn againn.
<http://www.acgmod.org/nationalmod/moddetail/draft-mod-programme/ga>

Cuimhnichibh nach eil ann ach dreach aig an ìre seo, mar sin, dh' fhaodadh gun tèid atharrachaidhean a dhèanamh ris. Bidh Prògram oifigeil a' Mhòid ri fhaighinn nas fhaisg air an àm.

Draft Mod Programme Now Online


A draft programme for this year's Royal National Mod is now available on our website.
<http://www.acgmod.org/nationalmod/moddetail/draft-mod-programme>

Please be aware that some of the information may be subject to change and the official Mod Programme will be available nearer the time.

An Comunn Gàidhealach



Tasglann a' Chomuinn... / From the archives...



**PROGRAMAN AIRSON
NAN GAIDHEAL**



CRANN TARA

A h-uile oidhche
Dhiardaoin air Grampian
agus Scottish Television.
Prògram anns a bheil meas-
gachadh de naidheachdan,
còmhraidh is ceòl bho
shaoghal nan Gàidheal cuide
ri Pàdraig MacAmhlaidh,
Domhnall Iain Dòmhnallach
agus Angela NicEachainn

Each Thursday evening
on Grampian and
Scottish Television.
A magazine programme with
news, current affairs, music
and arts of special interest to
Gaeldom, presented by
Peter MacAulay,
Donald John Macdonald
and Angela MacEachen

CRIAMAGAN

A h-uile Di Luan air Grampian
aig 6.25 p.m.
Suil air naidheachdan na
seachdainn air Ghaidhealtachd

Each Monday on Grampian
at 6.25 p.m.
A weekly diary for Gaeldom



GRAMPIAN TELEVISION

Criomagán bho Prògram a' Mhòid, 1988. Tha e duilich a chreidsinn gu bheil 25 bliadhna air a dhol seachad bhon uairsin.

Agus a bheil sibh ag aithneachadh an fheadhainn anns an t-sanas airson Crann Tara?

*An excerpt from the 1988 Mod Programme. It's hard to believe that 25 years have passed since then!
Do you recognize the faces in the advert for Crann Tara?*

A bheil dealbhan agaibh fhèin a tha sibh a smaoinichadh a chòrdadh ri luchd-leughaidh a chuairt-litir seo? 'S dòcha nach eil sibh cinnteach cò th' anns na dealbhan ach dh' fhaodadh gu bheil fios aig cuideigin. Ma tha nach cuir sibh thugainn iad. Ma tha gin agaibh, cuiribh fios gu marina@ancomunn.co.uk

Do you have any photographs you think may be of interest to our readers? Perhaps you are unsure who is in the photographs but some of our readers may be able to help. If you have any you would like us to publish in a future edition, please contact marina@ancomunn.co.uk

An Comunn Gàidhealach



Jean Reid Ghreumach MBE

'S ann gu math duilich a bha sinn cluinntinn mu dheidhinn bàs Jean Ghreumach MBE na bu tràithe air a' mhìos seo. Bhàsaich Jean air an 6mh den Iuchar ann an Ospadal Rìoghail Alexandra, am Pàislig, aois 82 bliadhna.

Bha Jean na britheamh aig a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail airson iomadach bliadhna. Bha tòrr spèis aig muinntir a' Mhòid dhith, na farpaisich, na britheamhan eile, muinntir a' Chomuinn, an luchd-èisteachd aig na farpaisean agus mar sin air adhart. Gu math tric bhiodh i na britheamh airson na farpaisean mòra mar am Bonn Òrr agus farpais Sgiath Mhic Shimidh agus Thulaich Bhàrdainn. Bha breithneachadh a' còrdadh rithe gu mòr agus bhiodh i a' dèanamh a dìcheall misneachd a thoirt dha na farpaisich gu lèir. Choinnich i ri tòrr dhaoine thairis air na bliadhnaichean mar britheamh agus rinn i tòrr charaidean a bhios gu h-ionndrainn gu mòr.

Bha i gu math soirbheachail le ceòl na beatha. Bha i na seinneadair – leatha fhèin agus ann an iomadach còisir thairis a beatha, mar stiùiriche còisirean agus neach-teagasg airson ceòl. Choisinn iomadach còisir duaisean leatha air feadh an t-saoghal agus nochd feadhainn aca air an telebhisean cuideachd air prògraman mar Songs of Praise. Bhiodh i a' siubhal air feadh na dùthcha gu fèisean agus farpaisean eadar-dhealaichte airson a bhì na britheamh agus abair gun do chord seo rithe. 'S i a bha i gu math airidh air an MBE a chaidh a thoirt dhith leis a' Bhàn Rìgh as dèidh an obair mhòr a rinn i airson ceòl.

Chaidh tiodhlacadh Jean a chumail ann an Dùn Breatann air Diluain an 15mh den Iuchar. Tha sinn a' cuimhneachadh air a teaghlach agus a caraidean aig an àm seo.

Nìall MacLeòid – Obar Pheallaidh / Na Hearadh

Ann na laithean a chaidh seachad, fhuair sinn naidheachd dhuilich mu dheidhinn sàr charaid dhan Chomunn Ghàidhealach. Bhàsaich Nìall MacLeòid, à Obar Pheallaidh agus na Hearadh bho chionn ghoirid. Bha Niall na bhall den Àrd Chomhairle agus den Chomunn Gàidhealach airson iomadach bliadhna agus bha e an sàs ann an obair na Mòdan aig ìre ionadail agus nàiseanta.

Rinn e obair mhòr airson a' Mhòd agus dhan a' Ghàidhlig na bheatha. 'Se duine èibhinn agus doigheil a bh' ann an Nèill agus bheireadh e gàire air duine sam bith a bhiodh na chuideachd. Tha sinn an dòchas barrachd mu bheatha Niall a thoirt thugaibh ann an iris eile den chuairt-litir. |

Tha sinn a' cuimhneachadh air a theaghlach agus a charaidean aig an àm duilich a tha seo.

Jean Reid Graham MBE



It was with great sadness that we learnt of the passing of one of An Comunn Gàidhealach's most respected adjudicators earlier this month. Jean Graham MBE passed away at the age of 82 in the Royal Alexandra Hospital in Paisley on the 6th July.

Jean had been an adjudicator for the Royal National Mod for many years and was greatly respected by competitors, fellow adjudicators, organisers and Mod-goers alike. Jean often adjudicated the prestigious Gold Medal and Lovat and Tullibardine competitions. She loved adjudicating and was always encouraging to competitors when commenting on their performances. She made many friends during her years as an adjudicator at the Mod and many will miss her terribly.

She had a hugely successful career in music, as a soloist, choir member, choir conductor and Music Teacher. She led many Choirs, junior and senior, to success in competitions the world over and even appeared on TV programmes including Songs of Praise. She travelled to festivals and events all over the country to adjudicate. Her services to music were rightfully recognized when she was awarded an MBE by HM the Queen.


Her funeral service took place in Dumbarton on Monday 15th July. Our thoughts go out to all her nearest and dearest at this time.

Neil Macleod – Aberfeldy / Isle of Harris

We learned of the passing of a dear friend of An Comunn in recent days. Niall Macleod, of Aberfeldy and Harris, who had been in ill-health for some time, passed away recently. Niall had been a member of the Àrd Chomhairle of An Comunn Gàidhealach for many years and was active at both local and national Mod level.

He was a champion for the Mod and indeed for the Gaelic language. He was great in company and brought laughter to all around him. We will bring you more on the life of Niall Macleod in a future issue of the newsletter.

We would like to offer our condolences to the family and friends of Niall at this sad time.



Newbattle Abbey College Pan Celtic Programme

Gaelic Development Co-ordinator

Newbattle Abbey College would like to appoint a part-time Gaelic Development Co-ordinator to assist in the development of the college's Celtic Programme.

The programme celebrates traditional culture and heritage and promotes Gaelic language and culture amongst people of all ages. This is done through short course programmes, festivals and various community events at Newbattle and with partner organisations. The postholder would be required to be a Scottish Gaelic language speaker.

Duties will include:

- co-ordinating Newbattle's programme of Gaelic language courses in college and on an outreach basis with partner organisations
 - co-ordinating a Gaelic Family Festival in college with partner organisations
 - co-ordinating Newbattle's short course programme
- organising the college's 'Christmas at Newbattle' event and developing its Gaelic components
 - assisting in the development of Newbattle's Gaelic Plan
 - assisting in the planning of Newbattle's 2014 Celtic Festival

This will be a 17 weeks project, 3 days per week from 1 September 2013 to 29 December 2013. The post then becomes a 29 week project from 6 January 2014 to 27 July 2014, 1 day per week (7 hours). The post could remain at 3 days per week depending on securing funding.

Payment will be £630 per week.

The above will be set out in a Service Level Agreement with the successful candidate and the college.

Please telephone Jackie Kane on 0131 663 1921 or email jackiekane@newbattleabbeycollege.ac.uk for an application pack.

Close date: 9 August 2013



The Clarsach Society – Comunn na Clàrsaich

invites submissions for the 2013

Young Composer Award

Composers aged between 16 & 25 years of age are invited to present an original piece of music lasting no longer than 15, and no less than 10 minutes, suitable for:

- a) Solo Clarsach/Non-pedal harp
- b) Clarsach/Non-pedal harp and up to 3 other instruments and/or voices

Award

£500 plus a premier performance at the 33rd Edinburgh International Harp Festival in 2014

*The Clarsach Society is most grateful to the Imlay Foundation,
whose generous donation is supporting this Award.*

Competition Rules:

- 1) All entries must be received by 5pm on the closing date of Friday, November 29th 2013.
- 2) All entries should be posted to **Michelle Kelly, The Clarsach Society, Studio G43, Out of the Blue Drill Hall, 36 Dalmeny Street, Edinburgh, EH6 8RG**. No MP3s or PDFs shall be accepted via email.
- 3) The work must be the unaided work of the entrant and be an original composition.
- 4) A full score in manuscript format, plus recording of the composition in CD format must be submitted together. The recording must match the manuscript.
- 5) A separate page with the composer's name, address and date of birth should be submitted with the manuscript and CD. If available, a phone number and/or email address should be provided. The composer's name should not be written at any point on the manuscript or CD.
- 6) Entrants under 18 year of age must have permission to enter the competition. A parent or guardian must sign and print their name on the aforementioned page with the composer's name and address.
- 7) The successful entrant must also be willing to write a short report on winning the award for publication in the Society's Annual Report.
- 8) The copyright of the music shall remain with the composer.
- 9) Neither manuscripts nor recordings will be returned.
- 10) The cost of the premier performance only will be met by Edinburgh International Harp Festival.
- 11) The composer must be available to perform their composition at the Edinburgh International Harp Festival on Wednesday, 9 April 2014
- 12) In the case of a non-harpist submitting a work, it is the composer's responsibility to find the artist(s) to perform the work at the premiere performance on Wednesday, 9 April 2014 at the Edinburgh International Harp Festival.
- 13) The judges' decision shall be final.



MADAINN CHOFAIDH COFFEE MORNING

Fàilte chridheil ron a h-uile duine a tha airson tighinn dha na madainnean neo-fhoirmeil seo. 'S e deagh chothrom a th' annta ur sgilean Gàidhlig a chur gu feum mus tòisich tachartas mòr na bliadhna anns an Dàmhair! Tha Cli glè thoilichte a bhith ag obair còmhla ri buidheann Ghàidhlig ionadail, **Sonas**, gus na madainnean seo a libhrigeadh.

A warm welcome to everyone who would like to attend these informal mornings. They are a great opportunity to practice your Gaelic skills before the year's big event starts in October! Cli are very happy to be working with a local Gaelic group, **Sonas**, to deliver these mornings.

13mh An t-Iuchar
3mh An Lùnastal
7mh An t-Sultain

10.00 - 12.00
Ionad Wynd,
Pàislig

13th July
3rd August
7th September

10.00 - 12.00
Wynd Centre,
Paisley

*Siuthadaibh, nach tig sibh ann airson cofaidh is còmhradh?
Go on, why not come along for a coffee and a chat?*



An Comunn Gàidhealach

Oifis Steòrnabhaigh

Taigh a' Mhorair Leverhulme
Ceàrnag Phearsabhail
Steòrnabhaigh
Eilean Leòdhais
HS1 2DD
Fòn: 01851 703 487
Post-d: peigi@ancomunn.co.uk

Oifis Inbhir Nis

Taigh Bhail an Athain
40 Sràid Hunndaidh
Inbhir Nis
IV3 5HR
Fòn: 01463 709 705.
Post-d: rena@ancomunn.co.uk

An Comunn Gàidhealach

Stornoway Office

Leverhulme House
Perceval Square
Stornoway
Isle of Lewis
HS1 2DD
Telephone: 01851 703 487
Email: peigi@ancomunn.co.uk

Inverness Office

Balnain House
40 Huntly Street
Inverness
IV3 5HR
Telephone: 01463 709 705.
Email: rena@ancomunn.co.uk

Dè tha dol agaibh?

A bheil tachartasan no naidheachdan sam bith aig a' Chomataidh, Còisir no aig a' bhuidhean agaibh, a bhiodh sibh airson a chur dhan chuairt-litir seo?

Ma tha, cuiribh an fhiosrachadh gu:
marina@ancomunn.co.uk
no cuiribh fòn air 01851 703 487.

What's on?

Does your Committee, Choir or Group have any coming events or any news you may wish us to publish in this newsletter?

*If so, please forward any information to:
marina@ancomunn.co.uk
or telephone 01851 703 487.*

Tha cead aig a' Chomunn Gàidhealach càil sam bith a thèid a chur thuca airson a' chuairt-litir a dheasachadh ann an dòigh chothromach.

An Comunn Gàidhealach reserve the right to edit any materials submitted for inclusion in the newsletter.

Ma tha sibh airson naidheachd no fiosrachadh a chur dhan ath iris den chuairt-litir, cuiribh fios thugainn!

If you would like to contribute anything to one of our future newsletters, please get in touch!

marina@ancomunn.co.uk 01851 703 487